

A chasgair thu tra,
 'S nach d' fbuiling do straic fuidh 'n fhoid.

No 'm ministeir thu,
 Bha tagradh gu dlu,
 Ri pobull ann ughdasas De;
 Ga 'm pilleadh air ais,
 Bha 'g imeachd gu bras,
 Gu h-ifrinn na casgradh dhein ?

No 'n robh thu gan sgoinn,
 Mar mhuime mu chloinn,
 Gun churam a h-oighreachd Dhe ;
 Na 'm faigheadh tu 'n rusg,
 Bha comadh co dhiu,
 Ma 'n t-sionnach bhi stiubhradh an treud ;
 Leam 's cinnteach gun d'shuair,
 Do dheanadas duais,
 'N uair rainig thu 'm Buachaille mor :
 'N uair chuairtich am bas,
 A steach thu na laith'r,
 Thoirt cunntas a d' thaluinn do.

No 'n ceann thu bha lan,
 Do dh' inntleachdaibh bais,
 Gu seolta ga 'n tadh' r'a cheil ;
 Ga'n cuir ann an gniomb,
 Gun umhail gun fhiamb,
 A freagradh do Dhia nan deigh ?

'N robh teangadh nam breug,
 Gun chuibhreach fuidh d' dheud,